Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release

PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

28/01/2015

Ministear airson Cànanan na h-Alba a' Foillseachadh Dearbhair Gàidhlig

Chaidh an dearbhair Gàidhlig airson Microsoft Office fhoillseachadh gu h-oifigeil an-diugh (28/01/2015) aig Pàrlamaid na h-Alba.

Tha daoine air a bhith dèanamh fiughair mhòr ris a' ghoireas seo, sa bheil stòr-dàta le mu 547,000 cruth-fhacal, a fhuair maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig agus a chaidh a chruthachadh mar ghoireas-taice litreachaidh airson na Gàidhlig. Chaidh am pròiseact a dhealbh le Leo McNeir agus an Dr Roy Wentworth nach maireann.

Thathar an dòchas gun toir an dearbhair barrachd misneachd do dhaoine a bhios a' cleachdadh seirbheisean Microsoft Office, leithid Word, Excel is PowerPoint, gus an cànan a chleachdadh ann an tòrr dhiofar shuidheachaidhean, an dà chuid foirmeil is neo-fhoirmeil: mar eisimpleir, ann am foghlam, an lùib obair agus an lùib nam meadhanan sòisealta. Cuideachd, cuidichidh e le bhith dèanamh litreachadh na Gàidhlig cunbhalach, thoradh tha eadar-dhealachaidhean a thaobh litreachaidh air a bhith ann an diofar sgìrean gu o chionn ghoirid.

Thuirt am Ministear airson Cànanan na h-Alba, an Dr Alasdair Allan: "'S e ceum cudromach a tha seo do luchd-labhairt na Gàidhlig, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh, sean agus òg. Air aon làimh, tha e a' sealltainn gu bheil Gàidhlig na cànan brìoghmhor is beothail a tha freagarrach airson saoghal an latha an-diugh, agus cuidichidh e le bhith togail ìomhaigh a' chànain sna meadhanan sòisealta agus air-loidhne. Ri linn sin bidh an cànan nas follaisiche agus thèid aig barrachd luchd-labhairt bho air feadh an t-saoghail air ceangal a dhèanamh ri càch-a-chèile.

"Air an làimh eile, tha e mar dhìleab iongantach air obair Leo, agus an Dr Roy Wentworth nach maireann agus daoine eile a bha ag iarraidh dòighean pragtaigeach a lorg gus am faigheadh na h-uiread as urrainnear de dhaoine cothrom air a' Ghàidhlig agus gus misneachd a thoirt do dhaoine a tha ag ionnsachadh. Tha an dearbhair seo a' toirt goireas is cothroman do luchd na Gàidhlig a tha luchd-labhairt chànanan eile a' sùileachadh gun cheist, agus tha mi an dòchas gun dèan daoine eile mar a rinn Microsoft agus iad a' toirt taic do na mìltean de luchd-labhairt is gnìomhachasan na Gàidhlig a tha cur gu mòr ris an eaconamaidh againn."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release

Thuirt Àrd-Dheasaiche a' Phròiseict, Leo McNeir: "Fhuair am pròiseact seo, aig gach ìre, maoineachadh bho Chomunn na Gàidhlig agus Bòrd na Gàidhlig. Tha an sgioba gu mòr an comain an luchd-obrach bhon dà bhuidhinn airson na taice ionmholta aca agus mar a bhrosnaich iad sinn fad na h-ùine. Bu thoil leinn taing mhòr a thoirt do Microsoft airson an taice agus an cuideachaidh a leig leinn am pròiseact seo a thoirt gu buil agus thug an cothrom seo dhuinn goireas fìor fheumail a thoirt do mhuinntir na Gàidhlig."

Thuirt Àrd-Stiùiriche Microsoft Scotland, Chris Forrest: "Tha seo mar thoradh air obair chruaidh a rinneadh thar grunn mhìosan còmhla ri ar luchd-compàirt aig Bòrd na Gàidhlig agus tha e na adhbhar moit dhuinn gun tèid aig luchd-labhairt na Gàidhlig a-nis feum a dhèanamh de na pròglaman aig Microsoft Office sa chànan aca fhèin."

FIOSRACHADH DO LUCHD-DEASACHAIDH
Faodar an dearbhair Gàidhlig a luchdachadh a-nuas bhon làrach-lìn aig Microsoft
http://www.microsoft.com/en-us/download/details.aspx?id=35400

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release

28/01/2015

Minister for Scotland's Languages Launches Gaelic Spell-checker

A Gaelic spell-checker for Microsoft Office was officially launched today (28/01/2015) at the Scottish Parliament.

The resource, containing a database of approximately 547,000 forms, was funded by Bòrd na Gàidhlig and was created as a writing support material for the Gaelic language. The project was conceived by Leo McNeir and the late Dr. Roy Wentworth.

It is hoped that the spell-checker will provide users of Microsoft Office services such as Word, Excel and PowerPoint, more confidence to use the language in a wide range of formal and informal settings for example, in education, business and via social media. It will also help standardise Gaelic spelling which, until fairly recently, varied from region to region.

Minister for Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan said: "This is an important step forward for old and new Gaelic speakers alike. On the one hand, it acknowledges the currency and enduring vitality of the language and will help raise its profile through social media and online, giving it even greater prominence and connecting even more speakers from across the world.

"And on the other hand, it is a wonderful recognition of the work of Leo, the late Dr Roy Wentworth and others pushing for practical ways to open up Gaelic to as many people as possible and to build the confidence of those learning it. This gives Gaelic speakers the tools and opportunities that speakers of other contemporary languages expect and I hope others will follow Microsoft's lead in supporting the thousands of speakers and the Gaelic businesses contributing significantly to our economy."

Managing Editor of the Project, Leo McNeir said: "The project in all its phases was supported financially by Comunn na Gàidhlig and Bòrd na Gàidhlig. The team is indebted to our colleagues in both organisations for their considerable support and encouragement throughout. We would like to express our sincere thanks to Microsoft for their assistance and co-operation which has made possible the development and deployment of this valuable resource for the language and the Scottish Gaelic community as a whole."

Chris Forrest, Managing Director of Microsoft Scotland, said: "This is the result of several months of hard work with our partners at Bòrd na Gàidhlig and we are proud that Scottish Gaelic speakers will now be able to use the features of Microsoft Office in their preferred language"

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release

NOTES TO THE EDITOR
The Gaelic spell-checker is available from the Microsoft Download Centre http://www.microsoft.com/en-us/download/details.aspx?id=35400.